



Tha Tursachan Chalanaïs, a tha ainmeil air feadh an t-saoghail, suidhichte air taobh siar Eilean Leòdhais anns na h-Eileanan an Iar. Tha iad rim faicinn ann am baile Chalanaïs.

Tha Tursachan Chalanaïs ann an cruth annasach, le cearcall anns a' mheadhan agus ceithir loidhnichean a tha a' tighinn a-mach a tha ann an cruth crois. Anns a' mheadhan tha càrn-sheòmarach. Tha Tursachan Chalanaïs aig teis-mheadhan àite far a bheil tursachan eile ri faicinn agus cuideachd clachan leotha fhèin – chithear seo airson mìle no dhà timcheall air an sgìre.

Tha àrc-eòlaichean den bheachd gu bheil Tursachan Chalanaïs còrr air còig mìle bliadhna a dh'aois. Thathar den bheachd gu bheil iad nas sine na Stonehenge agus timcheall air an aon aois ri Skara Brae ann an Arcaibh. Tha cladhach arc-eòlais air dearbhadh gun deach a' phrìomh phàirt a thogail mu 3,000 RC, agus gun deach a' chàrn-sheòmarach a chur ris nas fhaide air adhart. Bhiodh iad a' tìodhlaicheadh dhaoine anns a' chàrn-sheòmarach. Bha na tursachan air an cleachdadh airson mu 2,000 mìle bliadhna, suas gu mu 1,000 RC.

Mu 3,000 bliadhna air ais, ann an 1000BC, thàinig atharrachadh air a' ghnàth-shìde. Dh'fhàs e fuar agus fliuch agus thòisich talamh mòinteach a' fàs. Thairis air ceudan de bhliadhnachan chaidh na tursachan fo chòmhdach na mòintich gus mu dheireadh chan fhaiceadh tu idir iad! Chaidh dà mhìle bliadhna seachad gus an deach am faicinn a-rithist. Ann an 1857, chan fhaiceadh tu ach mullach na tursachan. Anns a' bhliadhna sin, dh'òrdaich Sir Seumas MacMhathain, aig an robh Leòdhas aig an àm, obair cladhaidh a bhith air a dhèanamh agus chaidh mu 1.5 meatairean de mhòine a thoirt air falbh. 'S ann an uairsin a lorg iad a' chàrn-sheòmarach.

Thuig iad cho cudromach sa bha na Tursachan an uairsin agus chaidh an làrach aithneachadh mar àite clàraichte ann an 1882. Bha seo a' ciallachadh



## EACHDRAIDH

## AILTÈARACHD

gur ann le ministearan na stàite a bha na Tursachan. Tha Àrainneachd Eachdraidheil Alba fhathast a' coimhead as dèidh na Tursachan as leth Riaghaltas na h-Alba.

Ged nach eil fios againn, le cinnt, carson a chaidh na Tursachan a thogail tha beachd no dhà aig eòlaichean. Thathar den bheachd gu bheil na Tursachan ceangailte ris a' ghealaich agus gur robh e mar phàirt de mhìosachan na gealaich.

Anns a' Ghàidhlig bhiodh daoine ag ràdh gur iad 'Na Fir Bhreige'. Bha aon sgeulachd ag innse gur e fuamhairean a bha annta a chaidh an tionndadh gu clach nuair nach gabhadh iad ris a' chreideamh Chrìostaidheachd. 'S e Iain Moireasdan, à Bràgair, a thug seachad a' chiad iomradh sgrìobhte a tha againn mu Tursachan Chalanaïs. Sgrìobh e ann an 1680 gur e daoine a bha anns na Tursachan a chaidh an tionndadh gu clach 'converted into stone by ane inchanter'. Tha a' mhòr chuid de thraidiseanan ceangailte ri na Tursachan ag innse dhuinn gur e àite airson adhradh a bha ann.

An-diugh, tha mòran dhaoine a' tighinn bho air feadh an t-saoghail airson na Tursachan faicinn, gu h-àraidh air an là is fhaide den bhliadhna. Tha na Tursachan rim faicinn anns a' fiolm aig **Pixar, Brave** agus anns a' phrògram **Outlander**, a tha stèidhichte air na leabhraichean soirbheachail aig Diane Gabaldon. Tha Ionad Fiosrachaidh ri taobh na Tursachan.

## GEAMA

Tagh làrach inntinneach agus dèan rannsachadh agus cladhaich mar gu bheil thu fhèin nad àrc-eòlaiche.

## GNÌOMH

1. **Faigh a-mach mu dheidhinn na leanas: cia mheud, meud, làrach agus dèan dealbh de na Tursachan.**
2. **Rannsaich dè fhuair àrc-eòlaichean a-mach mu dheidhinn aois nan Tursachan, agus cuideachd mar a fhuair iad lorg orra a-rithist san 19mh linn.**
3. **A bheil clachan sònraichte anns an sgìre agad fhèin? Ma tha, dèan rannsachadh mun deidhinn.**

## LOIDHNE-TÌM

**10,000 - 3,000 RC**

Linn ùr na Cloiche. Chiad coimhearsnachdan a tha ri obair tuathanais air an stèidheachadh.

**4000 - 3000 RC**

Tha làraich meagailteach air an stèidheachadh ann an Carnac, Brittany.

**2575 - 2150 RC**

Chaidh na pioramaidean anns an Èiphit a thogail.

**27 RC - 476 AD**

Tha làmh-an-uachdar aig an Iompaireachd Ròmanach.